

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Taigh Loch Abar, An Gearasdan air Diardaoin, 29 Cèitean 2014 aig 10.30m.

An làthair:

A' Bh-uas I Chaimbeul (Ball-ionaid)
Mgr S Farlow
Mgr C Friseal
Mgr S Friseal (Cathraiche)
Mgr D Fallows (Ball-ionaid)

Mgr A M Mac a' Mhuilleir
Mgr B Murphy (Ball-ionaid)
A' Bh-uas M E NicPheadrais
An Dr A Nic na Ceàrdaich

Cuideachd an làthair:

Mgr A MacEanraig

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr Ù Friseal, Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs
Mgr C A Moireach, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig, Oifis an Àrd-oifigeir
A' Bh-uas Mòrag Anna NicLeòid Mitchell, Oifigeir Leasachaidh na Gàidhlig, Oifis an Àrd-oifigeir
A' Bh-uas S NicIllinnein, Prìomh Rianaire, Seirbheis an Leasachaidh Chorpóra
A' Bh-uas F NicBheathain, Rianaire Comataidh, Seirbheis an Leasachaidh Chorpóra

Cuideachd an làthair:

Mr I A Mackay, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig
A' Bh-uas M NicIleMhaoil, Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachaidh, Bòrd na Gàidhlig
Mgr I Moireasdan, Àrd-oifigeir, An Comunn Gàidhealach
Mgr D Mac an t-Saoir, Stiùiriche, The Market Specialists Ltd

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharradh fo ùghdarras na Buidhne.

Gnothach

An Toiseach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr I Ghòrdain, Mhgr C MacAmhlaigh, Mhgr I MacGilleBhrath, Mhgr C MhicLeòid agus Mhgr F Parr.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt ann.

3. Naidheachdan Matha

Chuireadh liosta de Naidheachdan Matha fa chomhair nam Ball agus, às dèidh iomradh sònraichte air toiseach togail na bun-sgoile ùire Gàidhlig, a bha a' seasamh leatha fhèin, sa Ghearasdan, **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** dha na Naidheachdan Matha.

4. Plana na Gàidhlig 2012-16, Cuspair 2 “Na nì sinn airson na Gàidhlig ann am Foghlam” – Aithisg Bhuileachaidh

Chuairtich Aithisg Àir. GIG/8/14 le Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs, le fios às ùr mu bhuileachadh Plana na Gàidhlig 2012-16, Cuspair 2 “Na nì sinn airson na Gàidhlig ann am Foghlam” agus fiosrachadh mu raon farsaing iomairtean ionadail agus nàiseanta. Tha fiosrachadh san Aithisg cuideachd mu cheangal leantainneach le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Foghlam Alba, mu adhartas le leasachaidhean sna roinnean Ro-sgoile, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile agus mu phlanaichean gus gealltanais a ghlèidheadh airson barrachd chothroman trèanaidh agus Leasachadh Dreuchdail Leantainneach do thidsearan ann an Inbhir Nis, a bharrachd air an fheadhainn a thathar a' libhrigeadh mar-thà aig Sabhal Mòr Ostaig agus taobh a-muigh na Gàidhealtachd.

Bha fiosrachadh san Aithisg cuideachd mu adhartas thar nan còig Gealltanaisan Roinneach agus thugadh seachad staitistig Foghlam Gàidhlig airson na Gàidhealtachd airson na Bliadhna Sgoilearach 2013/14 a bharrachd air a bhith a' cuimhneachadh do Bhuill gun deach mapa air-loidhne a leasachadh a bha a' sealltainn do phàrantan na Gàidhealtachd – agus pàrantan a dh'fhaodadh a bhith a' beachdachadh air gluasad dhan Ghàidhealtachd – na h-àiteachan far an robh Foghlam Gàidhlig Sgoil-àraich, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile air a sholarachadh.

Às dèidh geàrr-chunntas iomlan den aithisg bhon Stiùiriche, thugadh seachad na beachdan a leanas:

- chaidh dragh a nochdadh gun robhar an dùil Sgoil-àraich Ghàidhlig a dhùnadh aig Bun-sgoil Inbhir Pheofharain, anns nach robh a-nis ach dithis chloinne, agus nach deach co-chomhairle a chumail le Buill Ionadail mun a seo. Chaidh innse gun robh 23 leanabh a' frithealadh Cròileagan Inbhir Pheofharain, gum faodadh iad a dhol ann bho aois 2, agus gun robh e cuideachd a' toirt seachad cùram ro agus às dèidh sgoile. Dheidheadh an dithis luchd-obrach bhon Sgoil-àraich a chur a dh'obair dhan Bhun-sgoil ach dh'fhaodadh iad a bhith air an gluasad air ais nam biodh iarrtas gu leòr ann gus an Sgoil-àraich fhosgladh a-rithist;
- a bharrachd air Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus na sgoiltean Gàidhlig a bhathar a' togail sa Ghearasdan agus ann am Port Rìgh, b' e sgoil Ghàidhlig a bh' ann am Bun-sgoiltean Shlèite agus Stafainn, ged a bha roinnean Beurla ceangailte riutha;
- chaidh fàilte a chur air dòigh-obrach nan 'goireasan co-roinnte', a thaobh stuthan ionnsachaidh agus teagaisg, agus bhiodh seo na inneal fastaidh feumail a thaobh a bhith a' lùghdachadh na bhiodh a dhìth de dh'obair eadar-theangachaidh bho thidsearan fa leth. Bha seo cuideachd a' ciallachadh gum biodh càileachd nan goireasan Gàidhlig air a leasachadh;
- Chuir Buill fàilte air an naidheachd gun deach aig a' Chomhairle air na 5 tidsearan pròbhaidh a bha a dhìth airson 2014/15 fhadhadh. Bha cuingealachadh fhathast ann air taobh an t-solair do sgoiltean, ach bha seo fìor an dà chuid ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig;
- Bha e cudromach coimhead air tuairmsean airson clàran nan sgoiltean san àm ri teachd mus deidheadh tidsearan Foghlam Gàidhlig a thoirt air falbh às sgoiltean ri

- linn ìsleachadh nach fhaodadh mairsinn ach ùine ghoirid, gu h-àraid ann an sgìrean iomallach agus dùthchail far am faodadh e bhith doirbh tidsearan fhasadh a-rithist;
- Bhathar an dòchas gun toireadh siostam nan Ceannardan Co-roinnte barrachd ùine do cheannardan gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh agus Gàidhlig a bhrosnachadh am measg an luchd-obrach; agus
 - bha an àireamh sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air àrdachadh mu choinneamh figearan coitcheann nan clàran-sgoile a bha air ìsleachadh.

Às dèidh sin:

- i. **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** dhan adhartas ann a bhith a' buileachadh Cuspair an Fhoghlaim sa Phlana Ghàidhlig;
- ii. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh leantainn air adhart leis a' cheangal shoirbheachail le Bòrd na Gàidhlig san earrainn breith gu trì agus gun deidheadh oidhirp a dhèanamh gus pasgan taic maoinachaidh a chur ri chèile a' dol air adhart;
- iii. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh na bha a dhìth a thaobh na Gàidhlig a chur a-steach do cho-chomhairle 600 uair Ro-sgoile aig Riaghaltas na h-Alba sa Ghàidhealtachd;
- iv. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh measadh a dhèanamh air Pìolatan Fèisgoil ann an Loch Abar agus Gallaibh agus Cataibh;
- v. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh leantainn air adhart a' toirt taic do bhith a' com-pàirteachadh na Gàidhlig ann an iomairtean a dh'fhaodadh deagh bhuaidh a thoirt air ionnsachadh Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean; a' gabhail a-steach Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sa Bhun-sgoil, solar airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Àrd-sgoiltean agus poileasaidh Ionnsachadh Cànan 1+2 aig Riaghaltas na h-Alba;
- vi. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh còmhradhean a thoirt air adhart le BnG, UHI/SMO a thaobh Barantachadh agus Trèanadh do Thidsearan ann an Inbhir Nis; agus
- vii. **DH'AONTAICHEADH**, a thaobh a bhith a' daingneachadh solar Gàidhlig Ro-sgoile ann an Inbhir Pheofharain, gun cumadh Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig, Manaidsear Foghlaim na Sgìre agus Manaidsear Stòrasan nan Tràth-bhliadhnachan còmhradhean mu roghainnean airson solar san àm ri teachd le Buill Uàird Inbhir Pheofharain agus Siophort.

5. Cothrom a thaobh Seirbheisean Co-roinnte le Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid

Chuarticheadh Aithisg Àir. GIG/9/14 le ceann-latha 19 Cèitean 2014 le Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs, a' toirt fiosrachadh mu chòmhradhean le Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid mu chothrom a bhith a' co-roinn goireas Oifigear Foghlaim Gàidhlig eadar an dà Ùghdarras.

Bhathar a' moladh fo-fhasadh pìolait 23 mìosan, agus bha seo ag amas air inbhean agus libhrigeadh a leasachadh, gus ceangalan cudromach a sholarachadh eadar sgoiltean agus gus deimhinneachd inbhe agus taic do thidsearan a thoirt seachad an dà chuid ann an Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Bheireadh seo cothrom cuideachd do sheirbheisean foghlaim oidhirpean a chuireadh gus targaidean an Riaghaltais a bhuileachadh airson Foghlam Gàidhlig. Bha amasan a' phròiseact air an toirt seachad, cuide ris na prìomhachasan airson a' chiad 12 mìos, agus, ged a bha an toiseach fhathast ri aontachadh eadar an dà Chomhairle a rèir teirmean a' chom-pàirteachais, bhathar an dòchas gun deidheadh

greis-obrach pìolait aontachadh ro dheireadh seisean sgoile 2013/14, ann an ùine airson toiseach seisean sgoile 2014/15. Dheidheadh pròiseas measaidh agus ath-bhreithneachaidh a thogail a-steach do Bhliadhna 2 agus bhiodh seo a' gabhail a-steach ullachaidhean maireannach airson an ama ri teachd airson an dà Chomhairle.

Rè na deasbaireachd, chaidh mìneachadh gum biodh an dà chuid eòlas clasa agus leasachaidh foghlaim aig an fho-fhastaidhe shoirbheachail agus rinneadh gach oidhirp gus dèanamh cinnteach nach toireadh an iomairt lùghdachadh air an àireamh thidsearan FtG a bha ri fhaotainn airson obair-clasa. Chaidh dearbhadh gun robh an dreuchd seo a bharrachd air na bha stèidhichte mar-thà agus chuireadh fàilte air a sin.

Às dèidh sin:

- i. **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** dha na molaidhean a thaobh seirbheis cho-roinnte; agus
- ii. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh còmhraidhean Eadar-Ùghdarras a chumail gu luath, a thaobh freagairtean a bhiodh gu math an dà Ùghdarras.

6. Taisbeanadh le Bòrd na Gàidhlig

Chuairtich eadh Aithisg Àir. GIG/10/14 le ceann-latha 19 Cèitean 2014 le Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs, a' cur fàilte air Iain Aonghas MacAoidh OBE, Ceannard, agus a' Bh-uas Màiri NicIleMhaoil, Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachadh aig Bòrd na Gàidhlig.

Thug a' Bh-uas NicIleMhaoil seachad taisbeanadh anns an do mhìnich i an t-adhartas is na dùbhlain leantainneach a bha a' buntainn ri Foghlam Gàidhlig, cho cudromach 's a tha an com-pàirteachas againn agus am feum a th' ann gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air dòigh-obrach cholaisteach a thaobh modhan fàis is taic ann am Foghlam Gàidhlig.

Rè na deasbaireachd, thugadh taing do luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig airson an taisbeanadh seo agus airson an taisbeanadh a thug an Ceannard dhan làn-Comhairle o chionn ghoirid. Chomharraich Buill cho cudromach 's a bha e sgrùdadh a dhèanamh air buaidh eaconamach na Gàidhlig agus a' bhuannachd mhòr a bha BBC Alba air a thoirt, gu h-àraid ann a bhith a' togail ìomhaigh na Gàidhlig.

Às dèidh sin:

- i. **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** dhan taisbeanadh aig a' Bh-uas NicIleMhaoil; agus
- ii. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air na dàimhean-obrach dlùtha aig ìrean ionadail agus nàiseanta.

7. Taisbeanadh leis a' Chomunn Ghàidhealach

Chuairtich eadh Aithisg Àir. GIG/11/14 le ceann-latha 19 Cèitean 2014 le Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs, a' cur fàilte air Mgr I Moireasdan, Àrd-Oifigeir a' Chomuinn Ghàidhealaich. Thug Mgr Moireasdan seachad fios às ùr do Bhuill mu adhartas gu ruige a bhith a' libhrigeadh Mòd Nàiseanta Rìoghail soirbheachail ann an Inbhir Nis agus Prògram Iomall a' Mhòid ann an Inbhir Nis bhon 10-17 Dàmhair 2014.

Chaidh cur an cuimhne nam Ball gun robh Cùmhnant Libhrigidh Seirbheis aig a' Chomhairle leis a' Chomunn Ghàidhealach a bha a' ciallachadh gun deidheadh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail sa Ghàidhealtachd ann an 2014, 2017 agus 2020. Dheidheadh farpaisean Mòd na bliadhna-sa a chumail sa bhitheantas ann no timcheall

air Taigh-cluiche Eden Court ach chaidh Àrd-sgoil Inbhir Nis a ghleidheadh cuideachd agus dheidheadh a chleachdadh airson farpaisean chloinne. A bharrachd, bha togalaichean na Comhairle gu bhith air an cleachdadh airson cho-labhairtean is conaltradh leis na meadhanan, taisbeanaidhean ciùil, cuirmean agus cuid de dh'fharpaisean. Bha a' Chomataidh Eagrachaidh Ionadail a' leasachadh Prògram Iomall a' Mhòid agus bha fiosrachadh mun raon thachartasan air a thoirt seachad. Ann a bhith a' margaideachd a' Mhòid bhathar an dùil gun deidheadh bileag brosnachaidh a sgaoileadh, agus gum biodh seo ri fhaotainn air-loidhne bhon Lùnastal 2014, agus dheidheadh na meadhanan sòisealta a chleachdadh le Tweets a' dol a-mach gach mìos bhon Ògmhios gun an tòisichadh am Mòd. A bharrachd, mar a chaidh ainmeachadh nas anmoiche sa chlàr-gnothaich, chaidh iarrtas a chur gu Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig airson pròiseact Gàidhlig sa Bhaile airson goireasan a bharrachd gus làthaireachd lèirsinneach agus ìomhaigh na Gàidhlig a leasachadh is a bhrosnachadh sa Bhaile agus san sgìre mun cuairt.

Chaidh buannachdan eaconamach a' Mhòid a mhìneachadh, le còrr is 8,000 neach-tadhail a' frithealadh nam Mòdan as motha agus buannachd dìreach dhan sgìre aoigheachd de eadar £2.1 agus £2.5 millean, agus na figearan seo a' fàgail às gnìomhachd eaconamach luchd-còmhnaidh na sgìre fhèin. Ri linn seo, bha an toradh a bha a' tighinn às an tasgadh cudromach agus cha bu chòir dì-meas a dhèanamh air.

Rè na deasbaireachd, chuir Buill fàilte air Mòd 2014 agus dh'iarr iad air gnòthachasan ionadail feum cho math 's a b' urrainn dhaibh a dhèanamh de na cothroman a bha an lùib a' Mhòid, gu h-àraid seach gun robh e a' gabhail àite aig àm sàmhach den bhliadhna.

Thug an Cathraiche taing do dh'oifigearan nan diofar bhuidhnean airson na bha iad air a dhèanamh de dh'obair agus às dèidh sin:

- i. **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** dhan taisbeanadh; agus
- ii. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh na dàimhean-obrach sàr-mhath a leantainn air adhart agus a leasachadh gus Mòd Nàiseanta Rìoghail cho math 's a ghabhadh a libhrigeadh ann an Inbhir Nis agus san sgìre mun cuairt ann an 2014.

8. Tachartasan Ealain, Meadhanan is Cultarail Nàiseanta agus Eadar-nàiseanta a' Buntainn ris a' Ghàidhlig a tha a' Gabhail Àite sa Ghàidhealtachd ann an 2014/15

Chuarticheadh Aithisg Àir. GIG/12/14 le ceann-latha 19 Cèitean 2014 le Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs, a' toir fios às ùr mu bhuileachadh Cuspair 3 ann am Plana na Gàidhlig 2012-16, "Na nì sinn airson na Gàidhlig sna h-Ealain, sna Meadhanan agus ann an Dualchas". Thug an Aithisg fiosrachadh do Bhuill mu thachartasan nàiseanta agus eadar-nàiseanta a' buntainn ris a' Ghàidhlig, a bhios a' gabhail àite sa Ghàidhealtachd eadar toiseach an t-Sultain 2014 agus meadhan a' Ghiblein 2015. B' iad na tachartasan sin:

- Fèis Bhlas bho 5-13 Sultain 2014
- Am Mòd Nàiseanta Rìoghail (a' gabhail a-steach Prògram Iomall a' Mhòid) bho 10-17 Dàmhair 2014
- Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba air 13 Dùbhlachd 2014
- Fèis nam Meadhanan Ceilteach bho 22-24 Giblean 2015

Bidh cànan agus cultar na Gàidhlig aig cridhe nan tachartasan seo uile agus bidh iad a' com-pàirteachadh luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho chloinn san sgoil-àraich gu daoine nas sine. Gus luchd-eagrachaidh nan tachartasan seo a chuideachadh gus na tachartasan seo a chur air dòigh sa Ghàidhealtachd, bhathar a'

moladh Buidheann Oifigearan Comhairle Thar-Seirbheis a chur air dòigh gus comhairle agus taic a thoirt seachad mar a bha riatanach.

Rè na deasbaireachd, dh'innis Buill gun robh còir iomradh a thoirt air a' Chòirn san aithisg an àite 'Sasainn' a thaobh Fèis nam Meadhanan Ceilteach a chumadh ann.

Às dèidh sin:

- i. **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** dhan raon thachartasan dhan robh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt taic is aoigheachd sa bhliadhna air thoiseach;
- ii. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh Buidheann Oifigearan Comhairle Thar-Seirbheis a steidheachadh gus dòigh-obrach cho-òrdanaichte a thoirt seachad gus taic is comhairle a thoirt do Bhuill, an t-Àrd-sgioba-stiùiridh agus luchd-eagrachaidh nan tachartasan a tha air an ainmeachadh san aithisg;
- iii. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh leantainn air adhart a' toirt taic do ghnìomhachd margaideachd is brosnachaidh agus com-pàirteachas airson nan tachartasan nàiseanta agus eadar-nàiseanta; agus
- iv. **DH'AONTAICHEADH** gun obraich a' Chomhairle le com-pàirtichean gus leantainn air adhart a' tarraing thachartasan àrd-inbhe a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus na h-ealain, na meadhanan agus cultar chun na Gàidhealtachd gus buannachdan eaconamach a thoirt seachad taobh a-staigh sgìre na Comhairle.

9. Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig – Aithisgean Bliadhnail airson 2013/14 agus Iarrtasan Pròiseict airson 2014/15

Chuairead Aithisg Àir. GIG/13/14 le ceann-latha 19 Cèitean 2014 le Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs, a' toirt seachad nan Aithisgean Adhartais as ùire airson Pròiseactan Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig airson 2013/14 agus na h-Iarrtasan Pròiseict a chuir a' Chomhairle a-steach airson cuairt mhaoinachaidh 2014/15.

Chaidh cur an cuimhne nam Ball gun robh Comhairle na Gàidhealtachd air a bhith soirbheachail ann an 2013 ann a bhith a' gleidheadh maoinachadh airson pròiseactan GLAIF, 's e sin Ro-innleachd Taic airson Gàidhlig nan Tràth-bhliadhnachan Breith gu Trì ann an Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd (Pìolat 3 Bliadhna), solar Chlasaichean Gàidhlig Adhartach agus Iomairt Coimhearsnachd Ghàidhlig Inbhir Nis. Cha robh ceathramh pròiseact – Gaisgich Choimhearsnachd (Community Heroes) – air a bhith soirbheachail an toiseach idir, ach às dèidh ath-mheasadh le Bòrd na Gàidhlig, bha e air aonta maoinachaidh fhaighinn sa Mhàrt 2014.

A thaobh taic maoinachadh airson 2014/15, bha a' Chomhairle air iarrtasan a chur a-steach ron cheann-latha de 24 Giblean agus bhathar an dùil ri co-dhùnidhean mu na h-iarrtasan ro 1 Iuchar. Chaidh gearr-chunntas mionaideach a thoirt seachad de na còig pròiseactan dhan deach iarrtasan a chur a-steach:

- An Earrann Breith gu Trì – Bliadhna mu dheireadh den Phròiseact Pìolat airson Ro-innleachd Taic nan Tràth-bhliadhnachan sa Ghàidhealtachd
- “An Drochaid” – Oifigear Leasachaidh Coimhearsnachd “Pròiseact Bliadhna Drochaid” an Inbhir Nis, stèidhichte aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
- Gàidhlig 'son Inbhich
- Gàidhlig sa Bhaile
- “Siuthadaibh” Dòigh-obrach ùr a thaobh Oideachadh Coimhearsnachd Gàidhlig

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:

- chaidh dearbhadh a shireadh gun robh pròiseact Gaisgich Choimhearsnachd a' dol air adhart agus chaidh tuilleadh fiosrachaidh mun iarrtas thùsail iarraidh;
- chaidh na cosgaisean airson gach pròiseact a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig ach, seach gun robh aig Bòrd na Gàidhlig fhathast ri tighinn gu co-dhùnadh deireannach, dheidheadh iad seo a dhearbhadh aon uair 's gun robh fios ann dè na pròiseactan a chaidh aontachadh;
- bhiodh am pròiseact Gàidhlig sa Bhaile buannachdail do ghnòthachasan ann an Inbhir Nis agus bhathar an dòchas nam faicheadh gnòthachasan beaga na gnòthachasan mòra a' co-obrachadh le soidhnichean Gàidhlig gun dèanadh iad fhèin an aon rud;
- chaidh fiosrachadh a shireadh mun chlas Ùlpan ann an Inbhir Pheofharain a chaidh a chur dheth seach nach robh ann ach 2 neach-ionnsachaidh. Bhiodh iomadh clas Ùlpan eile a leantainn air adhart;
- Chaidh Scotrail a mholadh airson na bha iad a' cleachdadh de shoidhnichean Gàidhlig agus bhathar an dòchas gun dèanadh Serco, a bha air an cunnradh airson seirbheisean-cadail a bhuannachadh o chionn ghoirid, agus ge brith cò a' chompanaidh a bhuannaicheadh an cunnradh airson ceadachd Scotrail, cinnteach gum biodh seirbheisean rèile air feadh na h-Alba a' gabhail a-steach soidhnichean dà-chànanach. Bhathar an dùil gun cuireadh Ainmean-Àite na h-Alba fios gu Serco mun chùis;
- bhathar a' steidheachadh com-pàirteachas rèile coimhearsnachd ann an Loch Abar a dh'fhaodadh a bhith na àrd-ùrlar gus soidhnichean dà-chànanach a mheudachadh a bharrachd air fiosrachadh a sholarachadh do luchd-turais air trèanaichean;
- chaidh iomradh a thoirt air an latha fiosrachaidh Gàidhlig a chumadh o chionn ghoirid ann an Inbhir Nis agus aig an robh an deagh chuid an làthair. Bhathar an dùil coinneamh a chumail às dèidh seo eadar UHI agus Bòrd na Gàidhlig; agus
- bha e cudromach a bhith a' leantainn air adhart a' sireadh thobraichean eile maoineachaidh airson phròiseactan Gàidhlig às an Roinn Eòrpa.

Às dèidh sin:

- i. **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** do na h-Aithisgean Adhartais airson 2013/14;
- ii. **THUG** a' Bhuidheann **FA-NEAR** do na h-Iarrtas Pròiseict a chuir a' Chomhairle a-steach airson 2014/15;
- iii. **DH'AONTAICHEADH** gum fosgladh a' Chomhairle còmhraidhean le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba mu chothroman maoineachaidh a' dol air adhart agus mu amasan, mòr-mhiannan agus cuimsean Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig a' dol air adhart;
- iv. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh fiosrachadh mu na Clasaichean Ùlpan ann an Inbhir Pheofharain, air an deach iomradh a thoirt gu h-àrd, a thoirt dhan Chomhairliche NicPheadrais; agus
- v. **DH'AONTAICHEADH** gun deidheadh am fiosrachadh mun iarrtas thùsail airson pròiseict Gaisgich Choimhearsnachd a thoirt dhan Chomhairliche Mac a' Mhuilleir.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.45f.